

Bidh sinn a' cosg tòrr ùine air-loidhne a-nis. Chan e rud math a tha sin, chan eil e fallain. Tha iomadach làrach-lìn ann a ghlacas ar n' aire agus tha e furasta ùine a chur seachad gun fhiosta aig a' choimpiutair. B' fheàrr leamsa a bhith a' ruith sna tullaichean no a bhith a' dol a-mach gu loch le slat-iasgaich na bhith nam shuidhe aig coimpiutair fad an latha. Chan eil càil san t-saoghal cho math ris!

Bidh mi a' cluiche ball-coise agus criogaid agus bidh mi a' rothaireachd. Tha bàla agam airson ball-coise, bat agus bàla airson criogaid agus tha clogaid agam airson rothaireachd. Bidh mi a' cluich ball-coise agus criogaid sa phàirc agus bidh mi a' rothaireachd air frith-rathaidean agus air an rathad mhòr. Feumaidh seacaid shoilleir a bhith orm gach feasgar nuair a bhios mi air an rathad mhòr gus am faic dràibhearan mi.

'S ann mu mheanbh-fhrìdean a tha am pròiseact sgoile againn an-dràsta. Chaidh mise a-mach gu lios na sgoile le peile, spaid agus bogsa beag a lorg mi sa phreas. Chuir mi duilleagan a thog mi dhan bhogsa agus rinn mi tuill na mhullach. Thionndaidh mi talamh leis an spaid agus chunna mi meanbh-fhrìdean a' ruith air falbh. Ghlac mi aonan agus chuir mi dhan bhogsa e. 'S e daolag a bh' ann. Rinn mi dealbh dhith nam leabhar mus do chuir mi air ais a-mach i.

Chuir e an sneachd fad na h-oidhche a-raoir. Bha am baile geal nuair a dhùisg mi sa mhadainn. Chuir mi orm mo chuid aodaich agus mo bhòtannan agus chaidh mi a-mach. Choinnich mi ri mo charaidean. Rinn sinn bodach-sneachda. Chleachd sinn meangain airson gàirdeanan agus clachan beaga airson sùilean agus beul. B' e tlachd a bh' ann a bhith ri cleasachd san t-sneachd cuide ri mo charaidean.

Cha b' urrainn dhomh cadal a-raoir. Bha stoirm eagalach ann - gèile mhòr, tàirneanaich agus dealanaich. Chuala mi brag agus ghabh mi eagal. Tharraing mi an siota thairis air mo cheann gus nach fhaicinn agus nach cluinninn an còrr gus an deach an stoirm seachad. Anns a' mhadainn, chunna sinn gun do thog a' ghaoth an trampoilin agus bhuail e ann am balla na garaids. B' e siud am brag a chuala mi tron oidhche!

“An tèid sinn a Dhùn Dè a-màireach? Faodaidh sinn a dhol ann air an trèana.”

“Gu dè nì sinn ann an Dùn Dè?”

“Tha tòrr ri dhèanamh ann an Dùn Dè. Faodaidh sinn a dhol chun an Ionad Saidheans, chì sinn bàtaichean agus thèid sinn tarsainn Drochaid Rèile Abhainn Tatha. Tha seallaidhean breàgha an sin. Faodaidh sinn a dhol a shnàmh no dhan chathair-eaglais. Tha caistealan ann cuideachd. Chan fhaigh sinn air a h-uile càil a dhèanamh air an aon latha. Dè mu dheidhinn? An tèid sinn ann?”

“Thèid!”

Thàinig soitheach mòr a-steach dhan chaladh an-dè. Le droch shìde air fàire, bha an sgiobair airson 's gum biodh an soitheach agus an criutha sàbhailt'. Fhuair an sgiobair air am bàta a thoirt dhan fhasgadh mus do dh'èirich a' ghaoth. Dh'fhuirich an sgiobair agus an criutha air bòrd gus an deach an droch shìde seachad. Bha an criutha a' glanadh agus a' peantadh agus a' sgioblachadh air bòrd gus an do dh'fhalbh am bàta a-rithist.

Chaidh sinn cuairt dhan choille feasgar Diciadain. Bha e duilich coiseachd tron choille oir bha uisge mòr air a bhith ann a dh'fhàg an talamh na pholl. Bha am feur cho fada agus bha meangain air bristeadh agus air tuiteam gu talamh. Bha a' ghaoth a' sèideadh agus bha sinn a' tuisleadh ann an àiteachan. Bha againn ri bhith faiceallach mus tuiteadh duine.



An dèidh a bhith cuairt sa phàirc, thug m' antaidh sinn gu cafaidh. Sheas sinn anns an loidhne, mi fhèin, i fhèin agus mo phiuthar bheag. Bha an cafaidh trang agus bha an luchd-obrach slaodach. Thàinig dithis dhan chafaidh agus leum iad a-steach air ar beulaibh! Cha do chòrd seo ri m' antaidh agus bhruidhinn i riutha. B' fheudar dhaibh gluasad gu cùl na loidhne. Cheannaich m' antaidh deochan agus cèic an duine dhuinn agus ghabh sinn iad aig bòrd a-muigh mus do choisich sinn dhachaigh.